

Fiosrachadh Pearsanta / Contact Information

Buidhean Organisation	Comhairle Obar Dheathain
Baile-mòr/Baile City/Town	Obar Dheathain
Dùthaich Country	Alba

Ceistean | Questions

1. Tha cumadh a' Phlana a' gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a' Phlana agus air an àrd-amas againn? The structure for the Plan consists of an aim, priority areas and commitments. Do you have any comments on how we have structured the Plan and the overall aim we have selected?

Tha ard-amasan a' phlana gu math freagarrach agus soilleir agus tha deagh chruth air a' phlana.

2. Tha sinn dhen bheachd gu bheil e riatanach gum bi deagh iomhaigh aig a' Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a' cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo? We believe that the promotion of a positive image for Gaelic is essential and we think that the areas above are the key areas that can make a contribution to this. Do you have any comments on the areas we have selected or alternative suggestions?

Tha na prìomh raointean seo air leth cudromach airson na Gàidhlig a chur air adhart. Tha sinn a' cur failte air an amas gum teid deagh naidheachd mun Ghaidhlig a sgaoileadh, tha e gle chudromach fiosrachadh brosnachail mun a Ghaidhlig fhaicinn anns na meadhanan agus freagairtean bhon Bhord fhaicinn.

3. Tha sinn dhen bheachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig? We believe education and Gaelic learning are central to this Plan. We have also listed the priority areas that we believe should be a focus for ongoing activity. Do you have any comments on this emphasis and on the priority areas selected for learning Gaelic?

Gun teagamh sam bith, feumaidh cudrom a bhith air foghlam Gàidhlig agus ionnsachadh na Gàidhlig, ach bhiodh e math cleachdadh na Gàidhlig fhaicinn aig cridhe plana Gàidhlig Naiseanta. 'S e cleachdadh na Gàidhlig as cudromaiche ann an bhith a' dìon ar canan agus 's e foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aon de na ro-innleachdan airson sin a dhanamh. Feumaidh an aon chudrom a bhith air Gàidhlig san dachaigh agus Gàidhlig ann an coimhearsnachdan 's a tha air foghlam.

4. Tha sinn dhen bheachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ìre cleachdaidh na Gàidhlig? We believe the areas selected are important for promoting the increased use of Gaelic. Do you have any comments or suggestions you would like to make in relation to promoting the increased use of Gaelic?

Tha na raointean a chaidh a thaghadh gu math freagarrach airson Gàidhlig a bhrosnachadh agus piseach a thoirt air an aireamh a tha a' cleachdadh a' chanain. Tha e air leth cudromach gu bheil taic air a thoirt seachad do theaghlaichean agus coimhearsnachdan ann an bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig. Tha maoineachadh mar GLAIF agus Taic Freumhan Coimhearsnachd gu math cudromach airson proiseactan brosnachaidh/cleachaidh na Gàidhlig.

Chaidh dreuchd a chruthachadh airson stiuriche foghlam Gàidhlig an uiridh agus bidh buaidh fìor mhath aig seo air foghlam na Gàidhlig. Bhiodh e math a-nis dreuchd aig an aon ìre fhaicinn airson Gàidhlig san dachaigh agus Gàidhlig anns na coimhearsnachdan, far a bheil uallach aig stiuriche airson cleachdadh na Gàidhlig anns na suidheachaidhean sin. Airson Gàidhlig a dhìon agus fhas feumaidh barrachd cudrom a bhith air Gàidhlig san dachaigh agus Gàidhlig anns a' choimhearsnachd, le barrachd taic, goireasan agus stiùireadh do pharantan agus teaghlaichean.

5. Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh. Anns a' cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharraich sin agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann gus an dèanar adhartas ann an bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann an bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum? In questions 2, 3 and 4, you were asked about your views on the priority areas identified. In this question, we would like to hear any views or suggestions you may have on the key commitments we have identified and views on any key commitments you think should be included in order to make progress with the aim of increasing

the number of people speaking, using and learning Gaelic in Scotland and the number of situations in which it is used?

Respondent skipped this question.

6. Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingeann eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgrìobh sibh iad gu h-ìosal. The earlier consultation questions have been fairly specific. If there are any other points you would like to make and feel you have not had the opportunity to do so, please write them below.

Chaidh sar obair a dheanamh anns na bhìadhnaichean a dh'fhalbh air sanasachd airson Gàidhlig a bhrosnachadh agus airson deagh iomhaigh a thogail dhen Ghaidhlig ann an suidheachaidhean poblach. Bhiodh e math nan robh na sanasan seo da-chananach gus am biodh cothrom aig daoine aig nach eil Gàidhlig idir na h-aon teachdaireachdan a thogail. 'S e call a th'ann nach eil eadar-theangachadh air na sanasan a chi sinn an an Obar Dheathain air busaichean, steiseanan trean msaa oir 's e deagh chothrom a th'ann deagh theachdaireachdan mun a Ghaidhlig a sgaoileadh.